
Semèastar 2 2015/16

BA Gàidhlig agus Ceòl Traidiseanta

BA Cànan agus Cultar

BA Gàidhlig agus Leasachadh

BA Gàidhlig agus na Meadhanan

Tìotal a' Mhodail:	Bàrdachd bho 1900
Còd a' Mhodail:	UQ508493
Là is Ceann-là	Diluain 09 Cèitean 2016
Uair/Ùine:	0925-1130

'S fhiach an deuchainn seo 40% de na comharran a ghabhas faighinn gu h-iomlan sa mhodal.

Fiosrachadh:

Tha faclairan ceadaichte airson na deuchainn seo.
Chan eil teacsanan sam bith eile ceadaichte.

Gheibhear còig mionaidean airson na ceistean a leughadh mus tòisich an deuchainn.
Faodar notaichean a sgrìobhadh sna còig mionaidean seo.

Chan fhaod thu freagairt sam bith a sgrìobhadh air a' phàipear cheist mura deach iarraidh ort seo a dhèanamh gu sònraichte.

Feumaidh tu peann **dubh no gorm** a chleachdadh (far a bheil e iomchaidh, faodar dealbhan a dhèanamh le peansail).

A' crìochnachadh do dheuchainn:

Tha 8 ceistean san deuchainn seo agus feumaidh tu **2** a fhreagairt.

Cuir an **àireamh oileanaich** agad agus an **t-ionad-measaidh** a-mhàin air beulaibh gach leabhar-freagairt.

Na cuir d' ainm air pàirt sam bith den leabhar.

Cuir loidhne tro notaichean sam bith nach eil thu ag iarraidh a bhith air an ceartachadh

Freagair DÀ cheist. Thathar an dùil gun toir thu iomradh air obair dhà no thrì bhàird anns gach freagairt, agus ceathrar no còignear bhàrd uile-gu-lèir.

1. Dè cho furasta 's a tha e sgaradh a dhèanamh eadar bàrdachd thraidiseanta agus bàrdachd san nòs ùr? Am bu chòir do sgaradh a bhith ann?
2. Ciamar a tha nàdar agus an àrainneachd gan cleachdadh gu samhlauchail ann an obair dithis bhàrd a sgrìobh an dèidh 1900?
3. Dè a' bhuaidh a tha aig creideamh agus an eaglais (m.e. Saor-chlèireach agus Chaitligeach) air triùir de bhàird Ghàidhlig an 20mh linn?
4. "Chan e bàrdachd Ghàidhealach a th' ann am bàrdachd Ghàidhlig san latha an-diugh." An e moladh no càineadh a tha seo?
5. Minich mar a bhios ceistean a thaobh dà-chultarais ag èirigh ann am bàrdachd Ghàidhlig bho 1900 air adhart.
6. A bheil strì ri fhaicinn ann am bàrdachd Ghàidhlig an 20mh linn eadar feumalachdan poblach na bàrdachd agus feumalachdan pearsanta a' bhàird?
7. A bheil e iomchaidh a bhith a' coimhead air Iain Mac a' Ghobhainn, Somhairle Mac Gill-Eain, Ruairidh MacThòmais, Dòmhnall MacAmhlaigh agus Deòrsa Mac Iain Deòrsa mar chòmhlan?
8. Ma tha sinn a' sùileachadh gum biodh bàird Ghàidhlig a' riochdachadh na coimhearsnachd, dè a' choimhearsnachd a bhiodh air a riochdachadh?